

Cunntas airson Plana Buileachaidh 2015-16 CfE

Tha Plana Buileachaidh a' Churraicealaim airson Sàr Mhathais 2015-16 a' suidheachadh nam prìomh phrìomhachasan ro-innleachdail air am bi na com-pàirtichean nàiseanta (Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, SQA, Lìonraidh Leasachaidh nan Colaistean agus Leasachadh Sgìlean Alba) a' cuimseachadh thairis air a' bhliadhna ri thighinn.

Tha na prìomh phrìomhachasan uile a' cuimseachadh air a bhith a' leasachadh buileachadh is bu chòir dha sgoiltean, colaistean is ùghdarrasan ionadail beachdachadh orra ann an co-theacsa a bhith ag àrdachadh buileachadh dha na h-uile fhad 's a tha iad a' cleachdadh a' churraicealaim airson a' bheàrn ann am buileachadh eadar a' chloinn is na daoine òga as easbhaidhiche is an fheadhainn as fheàrr dheth, a dhùnadh.

Thathas air na prìomhachasan seo a chomharrachadh an dèidh fiosrachadh air ais fhaighinn bho prìomh luchd-earrainne. Tha structair plana 15/16 air a shuidheachadh gus am bi e a' cuimseachadh air na prìomh phrìomhachasan ro-innleachdail a leanas:

- Leantainneachd ionnsachaidh is measadh coileanaidh 3-18
- A' cur taic ri Leasachadh
- Litearrachd is Àireamhachd a' gabhail a-steach Sgrùdadh na h-Alba air Litearrachd is Àireamhachd (SSLN)
- Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dhreuchdail
- Taic airson a bhith a' cur pàrantan is luchd-cùraim an sàs
- Slighean Àrd Ìre
- Comas cosnaidh is sgìlean (DYW)
- A' cleachdadh dàta gus taic a chur ri leasachadh
- A' dèiligeadh ri biurocrasaidh
- A' cur taic ri na Teisteanasan Nàiseanta ùra

Tha am plana cuideachd a' gabhail a-steach nan gnìomhachdan aig ìre ionadail a dh'fheumar gus na prìomhachasan sin a choileanadh.

Am-bliadhna tha am plana cuideachd a' gabhail a-steach prìomh ghnìomhachdan co-cheangailte ris an taic nàiseanta a th' air a thoirt seachad airson buileachadh a' phrògram obrach, Leasachadh an Luchd-obrach Òga. 'S e prògram seachd bliadhna a tha seo agus bidh prìomh phàirt aig Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba is buidhnean com-pàirteachais eile ann a bhith a' cur taic ri libhrigeadh aig ìre ionadail, le bhith a' cuimseachadh air leasachadh ann an eòlas obrach, comhairle airson dreuchdan is foghlam dhreuchdan ann an sgoiltean. Tha na leasachaidhean gu tur a rèir sgìlean ionnsachaidh, beatha is obrach taobh a-staigh a' Churraicealaim airson Sàr Mhathais. Thèid gnìomhan is obair eile co-cheangailte ri prògram DYW, a' gabhail a-steach tabhartasan bho Leasachadh Sgìlean Alba is Comhairle Maoineachadh na h-Alba a chur ris a' phlana san Lùnastal 2015.

Tha Plana Buileachaidh CfE buntainneach dha na h-uile a tha an sàs ann an àrdachadh foghlam èifeachdach dha clann is daoine òga bho 13 gu 18. Tha am Plana seo a' còmhdach ghnìomhachdan le Foghlam Alba is buidhnean libhrigidh eile agus tha e a bharrachd air, is mar thaic dha, obair leasachaidh poileasaidh Riaghaltais na h-Alba co-cheangailte ris a' Churraicealam airson Sàr Mhathais. 'S e amas foillseachadh Plana Buileachaidh 2015-16 a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid tuilleadh taic a thoirt seachad sna roinnean far a bheilear a' moladh gum biodh sin na bhuannachd. Bu chòir dha sgoiltean, colaistean is ùghdarrasan ionadail beachdachadh air na prìomhachasan a tha sa phlana nuair a tha iad a' leasachadh am planaichean leasachaidh fhèin airson na bliadhna air thoisich.

Aithisg Adhartais

Tha an aithisg adhartais seo a' toirt geàrr chunntas air an adhartas a chaidh a dhèanamh co-cheangailte ri na gnìomhachdan air an deach cunntas a thoirt roimhe ann am Plana Buileachaidh 2014-15 suas gu deireadh an Fhaoilich. Tha e a' cuimseachadh air gnìomhachd nàiseanta agus a' sealltainn na chaidh de dh'obair mhòr a ghabhail os làimh am-bliadhna gu nàiseanta agus na chaidh a dhèanamh de dh'adhartas.